**Bòrd na Gàidhlig**

Brath Naidheachd
*Press Release*

***Please scroll down for English Version***

# BUILL BHÒRD NA GÀIDHLIG AIR AN CUR AN DREUCHD AIRSON TEIRM EILE

**25 An Gearran 2009**

Dh'ainmich Ministear a' Chultair, Cùisean Taoibh A-Muigh agus a' Bhun-reachd Mìcheal Ruiseil buill Bhòrd na Gaidhlig an-diugh a bhathas a' cur an dreuchd airson teirm eile.

'S iad seo na buill a thathas a' cur an dreuchd a-rithist:

**Mìcheal Foxley** (60) às a' Ghearastan. Tha e na Dhotair Teaghlaich agus na Cheannard air Comhairle na Gàidhealtachd.
**Iain Aonghas MacAoidh** (60) à Leòdhas. Tha e na Chathraiche air Bòrd SNS nan Eilean Siar, dreuchd poblach le tuarastal de £26,364 sa bhliadhna. Tha e cuideachd na bhall air bòrd Buidheann Leasachaidh Ro-innleachd nan Ealain Ghàidhlig.
**Alasdair MacLeòid** (55) à Leòdhas. B' àbhaist dha a bhith na Cheannard Sgoile ach tha e a-nis na Oifigear Leasachaidh agus Poileasaidh na Gàidhlig le Sgioba na Gàidhlig, stèidhte ann an oifis Àrd-oifigear Chomhairle nan Eilean Siar. Tha Mgr MacLeòid an sàs ann an iomadach pròiseact coimhearsnachd ann an Leòdhas, nam measg Comataidh Mòd nan Eilean Siar 2011, Urras nan Geàrranan, Urras an t-Sulaire agus pàipear-naidheachd An Rudhach.
**Anna NicSuain** (59) à Leòdhas. 'S i Ceannard na Gàidhlig aig Colaisde Chaisteil Leòdhais. Tha i na ball air Pannal Measaidh Gàidhlig Ùghdarras Theisteanas na h-Alba.
Bidh na dreuchdan seo a' seasamh trì bliadhna, bho 13 Gearran 2009 gu 12 Gearran 2012.

'S e dreuchdan pàirt-ùine a tha seo agus bidh ìocadh de £6,200 gach bliadhna nan cois mu choinneamh dealas ùine de thrì làithean gach mìos, a thilleadh air na coinneamhan a bhios aig a' Bhòrd gach dàrna mìos.

'S e Bòrd na Gàidhlig am prìomh bhuidheann poblach le dleastanas airson leasachadh na Gàidhlig. Tha dleastanasan reachdail air airson Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus bithear ag obair le buidhnean poblach eile airson leasachadh agus buileachadh nam planaichean Gàidhlig aca fhèin. Tha am Bòrd a' stiùireadh brosnachadh air cànan, cultair agus foghlam na Gàidhlig an dà chuid ann an Alba agus thall-thairis.

Chaidh an cur an dreuchd ministreil poblach seo a dhèanamh ann an co-rèir ri Còd Obrachaidh a' Choimiseanair airson Dreuchdan Poblach ann an Alba.

Tha daoine air an cur an dreuchd a rèir an airidheachd agus chan eil gnothaich aig gnìomhan poilitigeach ris a' phròiseas taghaidh. Ach, an co-rèir ri molaidhean Nolan a bh' ann bho thùs, bidh gnìomhan poilitigeach an neach a thèid a chuir ann an dreuchd anns na còig bliadhna a chaidh seachad (ma tha gin idir ann) fhoillseachadh gu poblach. Dhearbh Mìcheil Foxley gun robh e na bhall de Partaidh Libearalach Dheamocratach na h-Alba agus gu bheil e na Cheannard air Comhairle na Gàidhealtachd. Dhearbh Alasdair MacLeòid gun robh e na bhall de Phartaidh Laborach na h-Alba ach nach robh e gnìomhach ann. Dhearbh Iain Aonghas MacAoidh agus Anna NicSuain nach robh iad idir an sàs ann an gnìomhan poilitigeach.

**Bòrd na Gàidhlig**

Brath Naidheachd
*Press Release*

# MEMBERS REAPPOINTED TO BÒRD NA GÀIDHLIG

**25 February 2009**

Minister for Culture, External Affairs and the Constitution Michael Russell today announced the reappointment of members to Bòrd na Gàidhlig.

The reappointed members are:

**Michael Foxley** (60), from Fort William, is a General Practitioner and is Leader of Highland Council.
**John Angus Mackay** (60), from Lewis, is Chair of NHS Western Isles, a public appointment for which he is paid £26,364 per annum. He is also a board member of the Gaelic Arts Strategic Development Group.
**Alasdair MacLeod** (55), from Lewis, is a former headteacher and now a Gaelic Development and Policy Officer with Sgioba na Gàidhlig, based within the Chief Executive's office of Comhairle nan Eilean Siar. Mr MacLeod is involved with various community projects in Lewis including the Mòd nan Eilean 2011 Committee, the Gearrannan Trust, An Sulaire Trust and the Rudhach newspaper.
**Annie MacSween** (59), from Lewis, is Head of Gaelic at Lews Castle College and is a member of the Scottish Qualification Authority's Gaelic Assessment Panel.
These reappointments will be for three years and will run from February 13, 2009 to February 12, 2012.

These posts are part-time and attract a remuneration of £6,200 per annum for a time commitment of three days per month, in addition to bi-monthly meetings of the Bòrd.

Bòrd na Gàidhlig is the lead agency responsible for Gaelic language development. It has statutory duties relating to the National Plan for Gaelic and works with other public bodies on development and implementation of their Gaelic language plans. The Bòrd takes a lead in promotion of Gaelic language, culture and education both in Scotland and internationally.

This Ministerial public appointment was made in accordance with the Commissioner for Public Appointments in Scotland's Code of Practice.

All appointments are made on merit and political activity plays no part in the selection process. However, in accordance with the original Nolan recommendations, there is a requirement for appointees' political activity within the last 5 years (if there is any to be

declared) to be made public. Michael Foxley declared membership of the Scottish Liberal Democrat Party and is Leader of Highland Council. Alasdair MacLeod declared himself a non-active member of the Scottish Labour Party. John Angus MacKay and Annie MacSween declared no political activity.